



**POLICE**  
**SCOTLAND**  
[Poileas na h-Alba]

**Na Hearadh agus Ceann a  
Deas nan Loch**

Plana Uàrd nan Ioma-Bhall 2013

# Na Hearadh agus Ceann a Deas nan Loch

Plana Uàrd nan Ioma-Bhall 2013

Bheir am plana poileis seo cunntas air na prìomh amasan a dh'ainmich ur coimhearsnachd ri linn ar co-chomhairleachaidh as ùire agus cumaidh e fios ruibh mu mar a chuireas sinn aghaidh riutha air feadh na bliadhna.

'S e ar fòcas ach eucoir is aimhreit a lughdachadh, earbsachd a' mhòr-shluaigh a mheudachadh nur coimhearsnachd agus daoine a chumail sàbhailte.

Cumaidh sinn oirnn ag obair gu dlùth ri ar com-pàirtichean gus fuasgladh fad-tearmach èifeachdach a lorg airson nan ceistean a thog sibh.

Bheir am plana poileis seo cunntas air mar a tha e san amharc againn dèiligeadh ri ur prìomh amasan.

## Prìomh Amasan Ionadaile

Dh'ainmich sibh gur iad na prìomh amasan anns Na Hearadh agus ann an Ceann a Deas nan Loch ach:

### 1. Sàbhailteachd Rathaidean

Dh'innis sibh dhuinn gun robh cleachdadh fònaichean-làimhe, dràibheadh le deoch agus eucoir a thaobh luaithe mar phrìomh cheistean.

### 2. Mì-chleachdadh deoch làidir

Dh'innis sibh dhuinn ur draghan mu mì-chleachdadh deoch làidir, gu sònraichte a thaobh daoine òga a bhith a' faighinn deoch làidir 's a bhith ri droch-ghiùlan agus ri cus faraim.

### 3. Giùlan Mì-Shòisealta

Dh'ainmich sibh gur e giùlan mì-shòisealta prìomh cheist ann an cuid de cheàrnaidhean nur coimhearsnachd agus chaidh 'prìomh àiteachan' ainmeachadh far an robh sibh ag iarraidh oirnn aghaidh a chur orra a rèir sin.

Tha sinn air dèiligeadh ri ur draghan 's tha sinn cinnteach gum faic sibh leasachaidhean anns Na Hearadh agus ann an Ceann a Deas nan Loch.

## Gnìomhan a rinneadh thuige seo

- Lean sinn oirnn le ar ro-innleachd a thaobh aire is giùlan luchd-dràibhidh a mheudachadh. A' dol an-sàs, a' toirt comhairle agus ag ionnsachadh do luchd-cleachdaidh rathaidean agus a' cuimseachadh air àitean aithnichte a thaobh cus luaithe.
- Chaidh gach sgioba fhor-ghnìomhach shònraichte a bhios ag obair an aghaidh eucoir, an dà chuid gu follaiseach agus falaichte a thaobh aodach is carbadan, a chur an-sàs anns na coimhearsnachdan ri linn oidhcheannan a' gheamhraidh agus aig deireadh-sheachdainean gus daoine a chur air an socair agus gus bacadh a chur air eucoir a dh'fhaodadh tachairt sa bhad, dràibheadh le deoch agus droch-ghiùlan luchd-dràibhidh.
- Ag obair gu dlùth ri raon farsaing de na buidhnean com-pàirteach againn, buidhnean òigridh nam measg, chaidh tachartas a chur air chois san t-Òb far an d' fhuair daoine òga cothrom tlachd a thoirt às a' chùis agus a bhith am measg a chèile ann an àrainneachd a bha sàbhailte, gun drugaichean no deoch làidir. Shoirbhich leis an tachartas seo a thaobh cothrom a bhith ann dol an-sàs gu h-èifeachdach ri òigridh ar coimhearsnachd cho math ri brath cudromach a thaobh ionnsachaidh a dhaingneachadh.

# Annas na Mìosan Ri Thighinn

- Tro Gnìomh na Slighe bidh an sgioba gu dearbhach an-sàs ri gach neach a chleachdas na rathaidean, a' cur air adhart mothachadh air sàbhailteachd rathaidean. Cuidichidh seo ann a bhith a' cur daoine nar coimhearsnachdan air an socair 's a' cur bacadh air cleachdadh neo-chùramach nan rathaidean, tro bhith a' dol mun cuairt ann an sgiobaidhean fìor fhollaiseach. Bidh seo a' cuimseachadh air cus luaithe agus dràibheadh neo-iomchaidh tro mheasgachadh de dh'ionnsachadh is de dh'aire, taobh ri taobh ri for-ghnìomhan ann an àiteachan far a bheil cus luaithe no droch-ghiùlan luchd-dràibhidh mar cheist.
- Tro Gnìomh an Leabhar-nòta cumaidh sinn oirnn ag obair ris an Oifigear an aghaidh Droch-ghiùlan Sòisealta aig Comhairle nan Eilean Siar gus amas air àiteachan àraid far a bheil duilgheadasan, gus dol an-sàs annta gu h-èifeachdach agus a rèir feuma.
- Tro Gnìomh a' Mheasa lughdaichidh sinn aimhreit, le fòcas air òl fo aois. Ag obair gu dlùth ri ar prìomh chom-pàirtichean gus ar coimhearsnachdan a dhèanamh nas sàbhailte, stad a chur air eucoir agus toirt air daoine faireachdainn sàbhailte.
- Meudaichidh Sgioba Poileis ur Coimhearsnachd am follaiseachd is an ruigsinneachd anns a h-uile coimhearsnachd anns Na Hearadh is ann an Ceann a Deas nan Loch. Tha a bhith an-sàs ris a' choimhearsnachd mar obair bhunaitheach riatanach, obair a ghabhas a-steach co-obrachadh cunbhalach bitheanta ri gach sgoil is gach Comhairle Choimhearsnachd.

# Fiosrachadh Feumail

## Na Hearadh & Ceann a Deas nan Loch

### Sgioba Uàrd nan Ioma-Bhall

Dèiligidh ar sgioba ris Na Hearadh agus Ceann a Deas nan Loch

### Fiosrachadh Conaltraidh

Police Station  
18 Church Street  
Stornoway  
Isle of Lewis HS1  
2JD

### Seòladh puist-d na buidhne

WesternIslesCPT@scotland.pnn.police.uk  
Thathar a' cur an seòladh puist-d seo air dòigh dhuibh a chor is gun dèan sibh conaltradh ri ur Sgioba Poileis Coimhearsnachd ionadail gus bruidhinn mu dheidhinn eucoir ionadail neo-èiginneach no duilgheadasan a thaobh droch-ghiùlan mì-shòisealta. Cha bu chòir seo a chleachdadh gus eucoir no tachartas a chur an cèill dhuinn.

Thèid freagairt a thoirt don a h-uile post-d taobh a-staigh 48 uairean.

Airson fiosrachaidh nas mionaidiche mu ur Sgioba Poileis Coimhearsnachd ionadail agus mu sheirbheisean eile a bheirear seachad aig Poileas na h-Alba, rachaibh gu làrach-lìn na Feachda aig:

[www.scotland.police.uk](http://www.scotland.police.uk)

### Tha sinn an seo gus ur cuideachadh

Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh conaltraidh ruibh le fios mun obair as ùire a tha a' dol air adhart gus dol an-sàs anns na ceistean sin a bheir buaidh oirbh fhèin 's air ur coimhearsnachd.

- Ma tha dragh no ceist sam bith a bu toil leibh bruidhinn mu dheidhinn, rachaibh an conaltradh ri ur Sgioba Poileis Coimhearsnachd ionadail.
- Cuiribh fòn gu 999 ma tha cùis-èiginn ann far a bheil cruaidh-fheum air cuideachadh on phoileas a dhìth sa bhad.
- Airson cùis nach eil mar èiginn, cuiribh fòn gu 101, an àireamh shingilte neo-èiginneach.
- Thoiribh fios seachad mu eucoir gun ur n-ainm a thoirt am follais gu Luchd-stadaidh Eucoir air 0800 555 111 no aig [www.crimestoppers-uk.org](http://www.crimestoppers-uk.org) 'S e tha seo ach cathrannas neo-isimeileach nach eil mar phàirt dhen Phoileas.
- Faodaidh luchd-cleachdaidh na seirbheis aig a bheil duilgheadas claisneachd dol an conaltradh ri Poileas na h-Alba air Toirt Seachad Teacsa aig 18000 (cùis-èiginn) no aig 18001 101 (gun èiginn).

Aithnichidh sinn gu bheil còir agaibh air prìobhaideachd agus cha tadhail sinn oirbh gun ur cead fhaotainn an toiseach.

Ma tha sibhse, no cuideigin as aithne dhuibh, feumach air barrachd cuideachaidh a thaobh na tha san sgrìobhainn seo, rachaibh an conaltradh ri ur Sgioba Poileis Coimhearsnachd ionadail.

[www.scotland.police.uk](http://www.scotland.police.uk)